

25 Ògmhios 2019

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Sa Ghiblean 2019, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Foghlam Alba agus Coimisean a' Chùraim air Bun-sgoil agus Clas-àraich Goodlyburn. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile, an clas-àraich agus Foghlam to Mheadhan na Gàidhlig (FMG).

- Clann mhisneachail, mhodhail agus fhulangach a tha a' nochdadh modh, ùidh agus dìcheall a bhith soirbheachail nan gnìomhan. Tha a' chlann sa chlas-àraich, aig ìrean na bun-sgoile agus ann am FMG a' faighinn air adhart gu math, a' dèiligeadh ris an fhaireachdainn shoilleir gu bheil iad nam buill luachmhor de choimhearsnachd na sgoile.
- Cultar làidir de dh'obair-sgioba agus conaltradh eadar an luchd-obrach, le cuimse shoilleir air a bhith a' coinneachadh ri feumalachdan chloinne sa chlas-àraich, aig ìrean bun-sgoile agus ann am FMG. Tha an obair-sgioba seo air a neartachadh gu mòr leis a' mhodh-obrach fharsaing, chom-pàirteachail a tha air a bhith a' dol o chionn ghreis agus a tha a' cur ri fèin-fhiosrachaidhean agus coileanaidhean na cloinne.
- Tha dàimhean deimhinneach thar na sgoile, a' toirt bun-stèidh riatanach, èifeachdach do ionnsachadh agus coileanadh na cloinne. A' togail air feallsanachd aoghaireil làidir na sgoile, agus air a stiùireadh gu sgileil leis a' cheannard-sgoile, tha buaidh dheimhinneach aig modhan-obrach a thaobh àrach agus sunnd air deisealachd na cloinne a thaobh ionnsachadh, agus an coileanaidhean.
- Am faireachdainn làidir a thaobh na Gàidhlig, a tha a' chlann a tha ann am FMG a' nochdadh. Tha a' chlann a' dèanamh deagh adhartas a thaobh am fileantachd sa chànan, a' faighinn deagh thaic bho na modhan-obrach bogaidh a tha na tidsearan a' cleachdadh gu sgileil.

Chaidh na raointean a leanas a chomharrachadh airson leasachadh agus chaidh bruidhinn mun deidhinn ris a' cheannard agus ri riochdaire bho Chomhairle Pheairt agus Cheann Rois.

- Gus coileanadh àrdachadh, bu chòir don luchd-obrach leantainn orra a' leasachadh tuilleadh sgilean a bharrachd ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh gus eòlasan ionnsachaidh na cloinne adhartachadh. Bu chòir do dh'obair agus gnìomhan a bhith air an taghadh gu faiceallach gus dèanamh cinnteach gum bithear a' cleachdadh astar agus dùbhlàn iomchaidh a bhios a' coinneachadh ri feumalachdan na cloinne air fad. A rèir phlanaichean soilleir an ùghdarras ionadail a thaobh Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig, bu chòir taic a thoirt do bhith a' tòiseachadh air solair FMG do chlann fo aois sgoile.
- Bu chòir don luchd-obrach air fad dèanamh cinnteach gu bheil clann nas motha an sàs ann a bhith a' deilbh agus a' stiùireadh taobhan den ionnsachadh, a' gabhail barrachd

sùim de bheachdan na cloinne agus a' tabhann barrachd chothroman airson ionnsachadh neo-eisimeileach.

Chrùinnich sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile a' cleachdadh ceithir comharran càileachd ann an [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4mh eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne?](#) Bidh comharran càileachd a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breith a thoirt air dè a tha math agus dè a dh'fheumas a bhith air a leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh mion-fhiosrachadh de ar luachaidhean gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Bun-sgoil agus Clas-àraich Goodlyburn

Comharran càileachd airson nan ìrean bun-sgoile	Luachadh
Ceannardas air atharrachadh	math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	glè mhath
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagra) . Pàipear-taic 3: An sgèile sia puing.	

Comharran càileachd airson a' chlas-àraich	Luachadh
Ceannardas air atharrachadh	math
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' daingneachadh adhartas na cloinne	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Tha tuairisgeulan de na luachaidhean rim faotainn bho: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne? Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4mh eagra) . Pàipear-taic 1: An sgèile sia puing.	

Seo rangachaidhean Coimisean a' Chùraim airson a' chlas-àraich

Slatan-tomhais Coimisean a' Chùraim	Luachadh
Càileachd a' chùraim agus an taic	math
Càileachd rianachd agus ceannardas	math

Riathanasan/molaidhean a rinneadh le Coimisean a' Chùraim airson a' chlas-àraich

An uair a chaidh an sgrùdadh mu dheireadh a dhèanamh le Coimisean a' Chùraim, cha robh riathanasan no molaidhean sam bith air fhaighinn a thaobh an t-suidheachaidh. Mar thoradh air an sgrùdadh seo, chan eil riathanasan no molaidhean sam bith ann.

Bidh sgrìobhainn le fiosrachadh nas mionaidich, ainmichte mar Gheàrr-iomradh air Toraidhean an Sgrùdaidh ri fhaotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:

<https://education.gov.scot/inspection-reports/perth-and-kinross/5346924>

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn air adhart a' leasachadh agus mar sin cha thadhail sinn a-rithist co-cheangailte ris an sgrùdadh seo. Innsidh Comhairle Pheairt agus Cheann Rois do na pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca ann a bhith ag innse mu chàileachd a sgoiltean.

Bill Geddes
Neach-sgrùdaidh na
Banrigh

Clair Moir
Neach-sgrùdaidh a' Chùraim